

**A' brosnachadh proifeiseantachd  
teagaisg aig ìre an t-saoghail**

**gtc**  
ALBA  
COMHAIRLE CHOITCHEANN  
TEAGAISG NA H-ALBA

# **Inbhe airson Làn Chlàradh**

**Riathanasan Èigneachail airson Clàradh le  
Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba**

**Achdachadh Foirmeil 2 Lùnastal 2021**

## Clàr-innse

Ro-ràdh .....	3
1 A bhith nad Thidsear ann an Alba .....	4
1.1 Luachan Proifeiseanta .....	4
1.2 Dealas Proifeiseanta .....	5
1.3 Inbhe airson Làn Chlàradh .....	6
2 Eòlas agus Tuigse Proifeiseanta .....	7
2.1 An Curraicealam agus Eòlas-teagaisg .....	7
2.2 Dleastanasan Proifeiseanta .....	8
3 Sgilean agus Comasan Proifeiseanta .....	9
3.1 An Curraicealam agus Eòlas-teagaisg .....	9
3.2 An Co-theacsa Ionnsachaidh .....	10
3.3 Ionnsachadh Proifeiseanta .....	11

# Ro-ràdh

## Inbhean Proifeiseanta airson Tidsèaran ann an Alba

Tha Inbhean Proifeiseanta, le luachan proifeiseanta aig an teis mheadhan, a' toirt taic do agus ag àrdachadh com-pàirteachas, ceannardas, feòrachadh agus ionnsachadh proifeiseanta. Tha iad a' toirt cunntas air proifeiseantachd thidsèaran ann an Alba mar 'ar modh-obrach'. Tha iomadh adhbhar air cùl Inbhean Proifeiseanta airson tidsèaran ann an Alba: :

- gus cànan co-roinnte a chruthachadh airson proifeiseantaich a tha a' teagasg;
- mar shlat-tomhais airson comas proifeiseanta;
- gus proifeiseantachd a leasachadh agus cur-ris;
- gus taic a chur ri fàs proifeiseanta fad dhreuchd;
- gus frèam-obrach a thabhann airson Tùs-Thrèanadh Thidsèar, probhadh agus slighean agus prògraman ceannardais; agus
- gus dèanamh cinnteach à agus cur ri earbsa agus misneachd a' phobaill sa phroifeisean teagaisg.

Chaidh Inbhean Proifeiseanta airson tidsèaran a stèidheachadh an toiseach ann an Alba ann an 2000. Chaidh an ath-leasachadh ann an 2012 agus an achdachadh ann an 2013 mar mhodail ath-choincheapail de phroifeiseantachd thidsèir le taic bho bhith a' gabhail a-steach **Ùrachadh Proifeiseanta**. Thòisich an conaltradh gus lèirmheas a dhèanamh air Inbhean Proifeiseanta 2012 ann an 2017 agus chrìochnaich e ann an seata de Inbhean Proifeiseanta ùraichte agus ath-structaraichte le ceann-latha achdachaidh de 2 Lùnastal 2021.

Is e **an Inbhe airson Clàradh Sealadach** an t-slat-tomhais de chomas a tha riatanach a bhith aig oileanaich a tha gu bhith nan tidsèaran aig deireadh Tùs-Thrèanadh Thidsèar agus a tha a' sireadh clàradh sealadach le Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba (GTC Alba). **Tha an Inbhe Proifeiseanta seo a' toirt cunntas air na tha riatanach airson a bhith nad thidsèar ann an Alba.**

Is e an **Inbhe airson Làn Chlàradh** stèidh nan Inbhean Proifeiseanta agus is e an t-slat-tomhais de chomas a dh'fheumas a bhith aig gach tidsèar a tha clàraichte ann an Alba. Is e An Inbhe Proifeiseanta seo an t-slighe a-steach chun a' phroifeisean agus mar a' bhun-stèidh a thaobh nan inbhean teagaisg anns am faod earbsa a bhith aig luchd-ionnsachaidh, pàrantan, am proifeisean fhèin agus a' choimhearsnachd san fharsaingeachd. **Tha an Inbhe Proifeiseanta seo a' gabhail a-steach na tha e a' ciallachadh a bhith nad thidsèar ann an Alba.**

Tha an **Inbhe airson Ionnsachadh Proifeiseanta Fad Dhreuchd** a' tabhann frèam-obrach **mòr-mhiannach agus leasachail** airson tidsèaran. Tha e a' toirt cunntas air an t-sàr eòlas proifeiseanta agus an t-ealantas oide-eòlais a dh'fhaodadh tidsèaran clàraichte a leasachadh agus a chumail suas mar a bhios iad a' dol air adhart san teagasg agus sa phroifeisean foghlaim. **Tha an Inbhe Proifeiseanta seo a' toirt taic do fhàs proifeiseanta thidsèaran ann an Alba.**

Tha an **Inbhe airson Ceannardas sa Mheadhan** agus an **Inbhe airson Ceannas-sgoile** a' tabhann frèam-obrach **àrd-mhiannach agus leasachail** do thidsèaran ann/no a' beachdachadh air dreuchdan ceannardais. Tha iad a' toirt dealbh air an lèirsinn ro-innleachdail, an t-eòlas agus tuigse phroifeiseanta, na sgilean agus comasan eadar-phearsanta agus na dealbhan proifeiseanta a tha a' toirt taic do thidsèaran ann an dreuchdan ceannardais. **Tha na h-Inbhean Proifeiseanta sin a' tabhann frèam-obrach airson fàs proifeiseanta do thidsèaran ann an dreuchdan ceannardais.** Ri linn sin, tha tuilleadh adhbharan nan cois:

- taic airson fèin-luachadh agus meòrachadh do thidsèaran ann, agus a' mòr-mhiannachadh faighinn dreuchdan ceannardais foirmeil nar sgoiltean;
- cur fiosrachadh ris a' phròiseas trusaidh agus taghaidh; agus
- a' cur ris a' chonaltradh mu cheannardas agus rianachd.

Tha adhbhar a bharrachd an cois an **Inbhe airson Ceannas-sgoile** leis gu bheil e mar riatanas do thidsèaran a tha air am fastadh gu buan ann an dreuchdan Ceannard-sgoile ùghdarrais ionadail bhon Lùnastal 2020.

Tha an t-sreath de Inbhean Proifeiseanta air an stèidheachadh air na cuspairean a tha an eisimeil a chèile leithid luachan proifeiseanta, ionnsachadh airson So-sheasmhachd agus ceannardas. Tha na h-Inbhean Proifeiseanta a' tabhann an fhrèam-obrach do thidsèaran air fad ann an Alba a bhith ag àrdachadh am proifeiseantachd agus a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil dèine agus dùbhlán a tha a' toirt taic do phroifeisean a tha fulangach agus comasach aig a bheil misneachd sna sgilean, eòlas agus luachan a dh'fheumar gus cothrom a thoirt do dhaoine òga ann an Alba sgilean a leasachadh airson ionnsachadh, beatha agus obair.

Tha Inbhean Proifeiseanta Alba gu gnìomhach a' toirt taic, a' gabhail ri agus ag adhartachadh nam prionnsabalan agus nam modhan-obrach de sheasmhachd thairis air gach taobh. Tha seo a' ciallachadh a bhith a' tuigse agus a' cur luach air àrainneachd, cultar agus dualchas, a' leasachadh faireachdainn de àite agus buntanas ris a' choimhearsnachd ionadail, nàiseanta agus cruinneil. Tha e a' ciallachadh cuideachd ceangal domhainn a bhith ann ris an t-saoghal nàdarra agus a bhith a' tuigsinn brìgh nan roghainnean a bhios sinn a' dèanamh – an-dràsta agus san àm ri teachd.

Tha na h-Inbhean Proifeiseanta air an eagrachadh ann an gnèithean eadar-dhàimheil le **Luachan Proifeiseanta** agus **Dealas Proifeiseanta** aig an teis mheadhan. Tha na h-eileamaidean sin gu dualach ceangailte ri chèile agus chan eil aon taobh a' seasamh leis fhèin gun a bhith an urra ris an fheadhainn eile. Is e an t-eadar-dhàimh seo de na gnèithean air fad a tha a' toirt cothrom do phroifeiseantachd an tidsèir, agus a' leantainn air adhart gu gnìomhan agus fàs proifeiseanta iomchaidh.

# 1 A bhith nad Thidsear ann an Alba

Tha mòran dhùbhlain sòisealta, àrainneachdail agus eaconamach ron t-saoghal againn a tha a' sior fhàs eadar-cheangailte agus ag atharrachadh gu luath, agus tha siostam foghlaim a tha èifeachdach, so-fhreagrach deatamach ma tha sinn a' dol a dhèiligeadh ris na nithean sin. Tha tidsearan agus luchd-ionnsachaidh a tha an sàs, meòrachail, cumhachdaichte agus sgileil ag aithneachadh an àite a tha aig Alba san t-saoghal, ar n-eachdraidh, ar diofraichean is ar n-iomadachd, ar n-àrainn nàdarra sònraichte, agus ar cultar a tha stèidhichte air ceartas sòisealta. Tha tidsearan na h-Alba a' cuideachadh ann a bhith a' stèidheachadh modhan-obrach seasmhach agus ceart gu sòisealta agus a bhith a' fàs mar nàisean.

Tha na h-**Inbhean Proifeiseanta** a' cur an cèill na tha e a' ciallachadh a bhith a' tighinn gu bhith nad thidsear, a bhith agus a bhith a' leantainn ort mar thidsear ann an Alba. Tha dealas a thaobh nan **luachan proifeiseanta de cheartas sòisealta, earbsa agus urram agus treibhdhreas** aig teis mheadhan nan Inbhean Proifeiseanta agus tha ar dàimhean, breithneachadh agus modh-obrach proifeiseanta stèidhichte orra.

Tha fèin-fhiosrachaidhean foghlaim ar cloinne agus ar daoine òga air fad air an cumadh mar thoradh air luachan agus nàdar proifeiseanta na tha an sàs nan oideachadh. Tha luachan iom-fhillte: is iad na sàr-bheachdan a tha tidsearan a' cleachdadh agus am modh-obrach mar phroifeiseantaich a chumadh. A' tòiseachadh le gach tidsear fa leth, tha luachan a' leudachadh a-mach gu ar luchd-ionnsachaidh, ar co-obraichean agus ar coimhearsnachd agus chun an t-saoghail sa bheil sinn beò.

Tha luachan proifeiseanta a' cuideachadh ann a bhith a' leasachadh ar dearbh-aithne phroifeiseanta agus mar stèidh airson dealas domhainn airson fàs agus sunnd an luchd-ionnsachaidh air fad a thaobh sgilean inntinn, sòisealta agus faireachail. Tha iad a' tabhann bun-stèidh airson taic agus misneachd a thoirt do thidsearan a bhith a' dèiligeadh ris an leanabh no an neach òg air fad agus am feumalachdan. Tha iad bunaiteach do, agus air an comharrachadh tro, ar dàimhean proifeiseanta air fad, ar breithneachadh agus ar gnìomhan agus a h-uile càil a tha sinn a' dèanamh gus coinneachadh ris an **dealas proifeiseanta** againn mar thidsearan a tha clàraichte le GTC Alba.

Mar phàirt de **phroifeiseantachd thidseir**, feumaidh luachan proifeiseanta a bhith air an cur an sàs sa mhodh-obrach làitheil taobh a-staigh agus taobh a-muigh an t-suidheachadh foghlaim. Tha iad gar cuideachadh ann a bhith a' cur cheistean riatanach mu theòraidhean, phoileasaidhean agus mhodhan-obrach foghlaim agus gus sgrùdadh a dhèanamh air na beachdan agus na creideamhan againn fhèin. Tha luachan agus na ceanglaichean eadar luachan agus gnìomhan a' cur feum air meòrachadh riaghailteach thairis air cùrsa dreuchd luchd-teagaisg leis mar a tha an comann agus feumalachdan luchd-ionnsachaidh ag atharrachadh agus mar a tha tuigse a' leasachadh. Tha ar dealas a thaobh ionnsachadh proifeiseanta fad dhreuchd mar phàirt deatamach a thaobh a bhith a' leasachadh ar proifeiseantachd. Is e forsa cumhachdach a tha ann am proifeiseantachd làidir agus cho-obrachail ann a bhith a' leasachadh buidheann thidsearan agus a' libhrigeadh ar dealas gus a bhith a' cur clann, daoine òga, an teaghlach agus coimhearsnachdan an sàs ann am pròiseas an fhoghlaim.

## 1.1 Luachan Proifeiseanta

Is e **ceartas sòisealta** a' bheachd gu bheil a h-uile neach airidh air còraichean agus cothroman eaconamach, poilitigeach agus sòisealta san là an-diugh agus san àm ri teachd.

- Ag adhartachadh slàinte agus sunnd air mo shon fhèin, mo cho-obraichean agus a' chlann agus daoine òga fom chùram.
- A' togail is ag altram dhàimhean deimhinneach sa choimhearsnachd ionnsachaidh a tha a' toirt spèis do daoine fa leth.
- A' gabhail ri luachan cruinneil foghlaim agus sòisealta de sheasmhachd, co-ionannas, cothromas is ceartas agus ag aithneachadh còraichean chloinne.
- A' toirt urram do chòraichean an luchd-ionnsachaidh air fad mar a tha air a' mhineachadh ann an Cùmhnantan UN air Còraichean Chloinne (UNCRC) agus an còir a bhith air an gabhail a-steach ann an co-dhùnaidhean mu na fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh aca agus gu bheil gach taobh den t-sunnd aca leasaichte agus a' faighinn taic.
- A' comharrachadh dealas gus a bhith a' cur luchd-ionnsachaidh an sàs ann an cùisean a tha a' dol san t-saoghal gus cur ri fèin-fhiosrachaidhean agus builean ionnsachaidh agus gus a bhith a' brosnachadh ionnsachadh ar slighe gu àm ri teachd nas fheàrr.
- Dealasach mu cheartas sòisealta tro phoileasaidhean is mhodhan-obrach cothromach, trid-shoilleir, in-ghabhalach is seasmhach a thaobh feartan glèidhte, (aois, ciorram, ath-bhuileachadh gnè, com-pàirteachas pòsta is sìobhalta, leatromachd is màthaireachd, cinneadh, creideamh is cràbhachd, feise, gnèitheachd) is com-pàirteachas eadar-roinneil.
- A' cur luach air, cho math ri bhith a' toirt urram do, iomadachd sòisealta, eag-eòlach, cultarail, cràbhach, is cinnidheach, agus ag adhartachadh prionnsabalan agus modhan-obrach leasachadh seasmhach agus saoranachd ionadail is cruinneil don luchd-ionnsachaidh air fad.
- A' comharrachadh dealas ann a bhith a' brosnachadh, agus a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh air fad, a' tuigsinn buaidh cùl-raointean gnè, sòisealachd, rèis, cultar, cinneadh, creideamh agus eaconamaidh air fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh, a' gabhail a-steach feumalachdan ionnsachaidh sònraichte agus a' sireadh a bhith a' lùghdachadh bacaidhean a thaobh ionnsachadh.
- A' comharrachadh dealas ann a bhith a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh a tha a' fèin-fhiosrachadh no a tha air èiginn fhulang agus clann agus daoine òga a tha air a bhith ann an cùram agus a' tuigsinn uallachaidhean mar phàrant corporra.
- A' tuigsinn agus a' toirt dùbhlain do leth-bhreith sa h-uile riochd, gu sònraichte an fheadhainn a tha air am mineachadh ann an Achd na Co-ionannachd 2010.

Thathar a' sùileachadh **earbsa agus urram** mar ghnìomhan deimhinneach a tha a' toirt taic ann a bhith a' togail càirdeas ùghdarrach agus a' nochdadh cùram airson feumalachdan agus faireachdainnean nan daoine a tha an sàs agus urram don t-saoghal nàdarra againn agus na stòrasan cuibhrichte a tha na chois.

- Ag àrdachadh agus a' ginealachadh cultar a tha a' toirt urram do chòraichean agus cleachdadh eiteicil de dh'ùghdarras co-cheangailte ri dreuchdan proifeiseanta neach.
- Ag actadh agus an sàs ann an dòighean a tha a' leasachadh cultar de earbsa agus urram dhut fhèin, do dhaoine eile agus don t-saoghal nàdarra.
- A' tuigse, a' gabhail ri agus a' toirt urram do na tha daoine eile a' cur ris ann a bhith a' toirt buaidh dheimhinneach air beatha luchd-ionnsachaidh.
- A' tuigsinn slàinte is sunnd agus cudromas dhàimhean dheimhinneach agus làn adhbhar gus àrainn shàbhailte agus thèarainte a thoirt agus a dhèanamh cinnteach airson luchd-ionnsachaidh agus co-obraichean air fad ann an nòs choibhneil agus thruasail.
- A' toirt urram do dhiofar ann an daoine fa-leth is a' toirt taic do thuigse luchd-ionnsachaidh orra fhèin, air daoine eile agus na tha iad a' cur ri leasachadh agus seasmhachd comann a tha eadar-mheasgte agus in-ghabhalach.

Is e **treibhdhreas** am modh-obrach a bhith onaireach is a' leantainn gu neo-cho-rèiteachail ri prionnsabalan agus luachan a tha làidir gu moralta agus gu eitnigeach.

- A' comharrachadh coibhneas, onair, misneachd agus gliocas.
- A bhith firinneach agus earbsach,
- A' dèanamh sgrùdadh breithneach air na creideamhan, luachan agus beachdan agad fhèin agus feadhainn eile ann an co-theacsa obrachadh colaisteach.
- A' toirt dùbhlán do ro-bheachdan, claon-bhàidhean agus modh-obrach proifeiseanta far a bheil sin iomchaidh.

## 1.2 Dealas Proifeiseanta

Tha an dealas proifeiseanta a thaobh ionnsachadh is luchd-ionnsachaidh a tha co-chòrdail ris an amas a bhith a' coileanadh saoghal a tha seasmhach is cothromach a' gabhail a-steach cò ris a tha e coltach a bhith nad thidsear ann an Alba. Tha seo a' ciallachadh gu bheil tidsearan dealasach mu bhith beò a rèir nan luachan proifeiseanta agus a' dol an sàs ann an ionnsachadh fad beatha, meòrachadh, ceasnachadh, ceannardas ionnsachaidh agus modh-obrach co-obrachail mar phrìomh thaobhan dem proifeiseantachd. Tha an dealas seo a thaobh ionnsachadh proifeiseanta agus fàs, mu fàs an luchd-ionnsachaidh, agus a bhith a' toirt taic dhan sin a thaobh an cho-obraichean, air a chomharrachadh tro dhol an sàs leis a h-uile taobh de mhodh-obrach proifeiseanta. Tha e air a chomharrachadh tro cho-obrachadh gu colaisteach, ann am Beurla no tro mheadhan na Gàidhlig le gach ball de ar coimhearsnachdan ionnsachaidh le diorras, comas atharrachaidh, breithneachadh agus le conaltradh na chois a tha taiceil agus proifeiseanta.

Is e co-phàirt bunaiteach de dhealas proifeiseanta thidsearan a bhith a' tuigsinn feumalachdan an luchd-ionnsachaidh air fad. Is dòcha gu bheil cuid de chlann agus de dhaoine òga le bacadh a thaobh sunnd is ionnsachadh co-cheangailte ri cuid de shuidheachaidhean leithid an àrainn ionnsachaidh, suidheachaidhean an teaghlach, ciorram no feumalachd slàinte agus cùisean co-cheangailte ri bun-chùisean sòisealta agus faireachail. Tha seo a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh le feumalachdan taic a bharrachd mar Attention Deficit Hyperactivity Disorder (ADHD) agus Attention Deficit Disorder (ADD); Autism;

Developmental Coordination Disorder (Dyspraxia) (DCD); Doille-fhaclan; agus Tourette syndrome. Tha tidsearan ag aithneachadh, a' faicinn agus a' gabhail ris an luach a tha sa h-uile neach agus tha mothachadh domhainn aca air an fheum a tha ann airson eòlas-teagaisg a tha mothachail air cultaran eadar-dhealaichte. Tha iad ag adhartachadh co-ionannachd agus iomadachd agus a bhith a' cumail suas còraichean chloinne.

Tha a bhith a' cumail suas luachan proifeiseanta de cheartas sòisealta, earbsa agus urram agus treibhdhreas a' cur feum air dealas mu cheannardas a tha a' cleachdadh misneachd agus a' brosnachadh àrd-mhiann. Tha an dealas seo mar stèidh do cheannardas ionnsachaidh sa h-uile co-theacsa agus gach atharrachadh airson leasachadh. Tha e a' cur luach air na tha feadhainn eile a' cur ris, a' toirt dùbhlán do chlaon-bhreith agus ro-bheachdan agus a' cur an cèill cnuasachadh breithneach gus coileanaidhean èifeachdach a ruighinn, leis an amas a bhith a' cumail suas agus a' leasachadh càileachd an fhoghlaim agus a' leantainn air adhart gu builean leasaichte don chloinn agus daoine òga air fad ann an Alba.

Is e dealas proifeiseanta thidsearan ann an Alba a bhith a' stiùireadh ionnsachadh tro bhith:

- a' leasachadh eòlas domhainn mu ionnsachadh agus teagasg;
- a' sgrùdadh gu breitheach mar a tha an teagasg againn a' toirt buaidh air luchd-ionnsachaidh; agus
- a' cleachdadh fianais gu co-obrachail gus cur ri breithneachadh thidseir agus na h-ath cheumannan airson luchd-ionnsachaidh.

### 1.3 An Inbhe airson Làn Chlàradh

Tha **Luachan Proifeiseanta** agus **Dealas Proifeiseanta** aig cridhe **Inbhe airson Làn Chlàradh**. Tha iad bunaiteach do, agus air an comharrachadh tro, ar dàimhean proifeiseanta agus ar modhan-obrach air fad. Tha iad aig cridhe a bhith a' libhrigeadh ionnsachadh agus teagasg de dh'àrd-chàileachd, ag amas air a bhith a' leasachadh bhuilean don luchd-ionnsachaidh air fad agus a' cur ri oidhirpean a bhith a' coileanadh saoghal seasmhach agus co-ionann. Tha na càileachdan pearsanta agus proifeiseanta de sheasmhachd agus ceartas sòisealta, treibhdhìreas, earbsa agus urram agus dealas proifeiseanta riatanach ma tha sinn a' dol a bhrosnachadh agus a' dol a dh'ullachadh luchd-ionnsachaidh a bhith soirbheachail san t-saoghal againn a tha sior fhàs iom-fhillte, eadar-eisimeileach agus ag atharrachadh gu luath.

Tha 'Ionnsachadh airson Seasmhachd' mar dhealas airson na sgoile air fad a bhios a' cuideachadh na sgoile agus a coimhearsnachd san fharsaingeachd a bhith a' leasachadh an t-eòlas, sgilean, beachdan, luachan agus modhan-obrach a dh'fheumar gus a thighinn gu co-dhùnaidhean a tha a rèir àm ri teachd a bhios seasmhach ann an saoghal sa bheil ceartas agus co-ionannachd. Tha Ionnsachadh airson Seasmhachd air a bhith aig cridhe an Inbhe airson Làn Chlàradh gus taic a thoirt do thidsearan ann a bhith a' gabhail ri agus ag adhartachadh modhan-obrach seasmhach anns gach taobh den obair.

Tha na tidsearan uile nan stiùirichean air agus airson ionnsachadh. Bidh iad a' stiùireadh ionnsachadh de, agus còmhla ris, gach neach-ionnsachaidh leis a bheil iad an sàs. Bidh iad cuideachd ag obair le agus a' toirt taic do leasachadh cho-obraichean agus com-pàirtichean eile. Tha na h-Inbhean Clàraidh a' toirt a-steach fòcas air ceannardas agus airson ionnsachadh.

Tha an **Inbhe airson Làn-Chlàradh** mar an doras a-steach chun a' phroifeisein agus mar shlat-tomhais comais airson nan tidsearan air fad. Mar sin feumaidh e a bhith mar bhun-stèidh air inbhean comais a thaobh teagasg le atharrachaidhean reusanta mar a bhios feum orra, anns am faod misneachd a bhith aig an luchd-ionnsachaidh, pàrantan, am proifeisean e fhèin agus a' choimhearsnachd san fharsaingeachd.

Tha sgòp na sgrìobhainn seo air a chuingealachadh ri bhith a' mineachadh sùileachaidhean thidsearan agus chan eil e a' deiligeadh gu mionaideach ri mar a bhios no mar a bu chòir breithneachaidhean a bhith air an coileanadh. Chan eilear a'

sùileachadh gum bi na **Gnìomhan Proifeiseanta** air an cleachdadh mar liosta-dearbhaidh. San fharsaingeachd, bu chòir dhan neach a tha a' dèanamh lèirmheas air obair tidsear a bhith misneachail gu bheil na comasan a tha air am mineachadh san Inbhe Proifeiseanta air an coileanadh. Far a bheilear a' meas gu bheil tuilleadh leasachaidh a dhith, tha na Gnìomhan Proifeiseanta a' tabhann cuimse airson na dh'fheumar a dhèanamh.

An dèidh an **Inbhe airson Làn Chlàradh** a chosnadh leanaidh tidsearan orra a' leasachadh an ealantas agus an eòlas thar gach raon de am modh-obrach proifeiseanta tro ionnsachadh proifeiseanta iomchaidh agus seasmhach fad dhreuchd. Tha an **Inbhe airson Ionnsachadh Proifeiseanta Fad Dhreuchd** air a bhith air a leasachadh gus taic a thoirt do fhàs proifeiseanta thidseir agus gus am feumalachdan ionnsachaidh fhèin a chomharrachadh, a phlanadh agus a leasachadh agus gus dèanamh cinnteach à leasachadh leantainneach de mhodh-obrach proifeiseanta.

Is iad na h-adhbharan a tha air cùl an **Inbhe airson Làn Chlàradh**:

- cunntas soilleir agus goirid mu na buadhan agus na comasan a thathar a' sùileachadh a ruigeas tidsearan pròbhaidh proifeiseanta;
- inbhe proifeiseanta ris an tèid molaidhean agus co-dhùnaidhean earbsach agus cunbhalach a tomhas a thaobh iomchaidheachd thidsearan ùra airson làn chlàradh le GTC Alba;
- cunntas soilleir agus goirid mu na buadhan agus na comasan a thathar a' sùileachadh tidsearan a tha làn-chlàraichte a bhith a' cumail suas agus àrdachadh rè an dreuchd;
- slat-tomhais de inbhe comas proifeiseanta a tha ri chur ri tidsearan fad an dreuchdan.

Tha na h-Inbhean Proifeiseanta air an eagrachadh ann an seòrsaichean eadar-dhàimheil le **Luachan Proifeiseanta** agus **Dealas Proifeiseanta** aig an teis-mheadhan. Tha na gnèithean sin gu dualach co-cheangailte ri chèile ann a bhith a' leasachadh thidsearan, agus chan eil aon taobh neo-eisimeil bho chàch. Is e an co-dhàimh a tha seo ris na gnèithean air fad a tha a' leasachadh tuigse, modh-obrach agus proifeiseantachd thidseir. Tha pròiseasan **Lèirmheas agus Leasachadh Proifeiseanta** (PRD) agus **Ùrachadh Proifeiseanta** a tha èifeachdach agus rianail a' toirt taic do ionnsachadh leantainneach thidsearan làn-chlàraichte.

## 2 Eòlas agus Tuigse Proifeiseanta

### 2.1 An Curraicealam agus Eòlas-teagaisg

#### 2.1.1 Doimhneachd de eòlas is tuigse a bhith aig neach mu Theòraidhean Eòlas-teagaisg agus Modh-obrach Proifeiseanta

##### Gnìomhan Proifeiseanta

Mar thidsear clàraichte feumaidh tu comharrachadh gu bheil doimhneachd eòlais agus tuigse agad mu:

- teòraidhean eòlas-teagaisg agus ionnsachaidh, agus iad sin a chleachdadh gu h-ìomchaidh gus cur ri:
  - dealbh agus susbaint a' churraicealaim, agus far a bheil e ìomchaidh a bhith a' gabhail a-steach foghlam tro mheadhan na Gàidhlig;
  - rian a' chlasrum, an àrainn ionnsachaidh agus structairean;
  - planadh, ionnsachadh agus teagasg agus measadh;
  - ionnsachadh eadar-chuspaireil;
  - ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh, a' gabhail a-steach eòlas cunbhalach mu nàdar agus ionnsachadh eile taobh a-staigh agus taobh a-muigh crìochan na sgoile;
  - feumalachdan taic a bharrachd.
- ìrean luchd-ionnsachaidh a thaobh leasachadh cognatach, inntinn, sòisealta, faireachail, corporra agus saidhceòlach agus mar a chleachdas iad am fiosrachadh seo gus taic a thoirt do ionnsachadh agus sunnd;
- tèicneòlasan didseatach gus taic a thoirt do ionnsachadh, agus
- mar a thèid cunntas a ghabhail de cho-theacsa an luchd-ionnsachaidh a thaobh gin, cùisean sòisealta, cultarail, cinnidh, eitnigeach, cràbhach agus eaconamach agus mar a thèid na modhan-obrach a leasachadh dha rèir.

#### 2.1.2 Doimhneachd de eòlas agus tuigse a bhith agad mu Rannsachadh agus Dol an Sàs ann an Ceasnachadh Neach-gnàthachaidh

##### Gnìomhan Proifeiseanta

Mar thidsear clàraichte feumaidh tu doimhneachd de eòlas agus tuigse a chomharrachadh mu:

- mar a lorgas tu agus a chuireas tu an cèill lorgaidhean ìomchaidh bho rannsachadh foghlaim ;
- rannsachadh agus dol an sàs ann an rannsachadh proifeiseanta/ neach-cleachdaidh; agus
- mar a bhios dòigh sgrùdaidh agad a thaobh an sgrùdadh proifeiseanta agad fhèin, ag obair gu beusail, leat fhèin agus/ no gu co-obrachail gus dùbhan a thoirt agus cur ri modh-obrach proifeiseanta.

#### 2.1.3 Doimhneachd de eòlas agus tuigse a bhith agad de Dheilbh Curraicealaim

##### Gnìomhan Proifeiseanta

Mar thidsear clàraichte feumaidh tu doimhneachd de eòlas agus tuigse a chomharrachadh mu:

- phrionnsabalan deilbh curraicealaim agus mar is urrainn dhaibh sin a bhith air an cur an sàs a thaobh ionnsachadh ann an earrannan agus co-theacsan diofraichte;
- sgilean teòraidh agus practaigeach a tha riatanach ann an raointean a' churraicealaim mar a tha air a chur an cèill gu làithreach ann an stiùiridhean nàiseanta agus ionadail;
- luach an ionnsachaidh taobh a-muigh raointean a' churraicealaim/ crìochan chuspair me litearrachd, àireamhachd agus slàinte agus sunnd, Ionnsachadh airson So-sheasmhachd agus litearrachd didseatach;
- phròiseasan air an cleachdadh gus an curraicealam atharrachadh agus a leasachadh;
- susbaint a' churraicealaim agus ìomchaidheachd a thaobh foghlam gach neach-ionnsachaidh;
- ionnsachadh eadar-chuspaireil eadar raointean a' churraicealaim, ìrean agus no earrannan.
- na sgilean agus comasan a tha an sàs ann an litearrachd didseatach thidseir agus fios a bhith air an dòigh a thèid tèicneòlasan didseatach an cleachdadh gus cur ri teagasg agus ionnsachadh; agus
- an riatanas cunntas a ghabhail de luchd-ionnsachaidh le feumalachdan taic a bharrachd.

### 2.1.4 Doimhneachd de eòlas agus tuigse a bhith agad de Phlanadh airson Measadh, Teagasg agus Ionnsachadh

**Gnìomhan Proifeiseanta**

Mar thidsear clàraichte feumaidh tu doimhneachd de eòlas agus tuigse a chomharrachadh mu:

- mar a phlanas tu airson measadh, teagasg agus ionnsachadh èifeachdach fa leth agus gu co-obrachail, thar diofar cho-theasan, agus gus taic a thoirt do fheumalachdan gach neach-ionnsachaidh;
- mar a dh'atharraicheas tu modhan-obrach gus dèanamh cinnteach gu bheil a' dèiligeadh ri feumalachdan gach neach-ionnsachaidh gu h-èifeachdach;
- modhan-obrach fa leth agus co-obrachail a thaobh raon farsaing de mheasadh, clàradh agus fios air ais mar phàirt bhunaiteach de ionnsachadh agus teagasg;
- riatanasan agus feumalachdan nàiseanta de bhuidhnean duaiseachaidh agus creideasachaidh iomchaidh eile; agus
- buaidh dheimhinneach a tha an lùib luchd-ionnsachaidh a bhith an sàs ann an conaltradh mun adhartas agus mar a thèid fios air ais brìghmhor a thoirt gus taic agus na h-ath cheumannan aontachadh.

## 2.2 Dleastanasan Proifeiseanta

### 2.2.1 Doimhneachd a bhith agad de eòlas agus tuigse mu Siostaman Foghlaim

**Gnìomhan Proifeiseanta**

Mar thidsear clàraichte feumaidh tu doimhneachd de eòlas agus tuigse a chomharrachadh mu:

- na prìomh bhuidhean nàiseanta agus eadar-nàiseanta air foghlam Alba, agus an iomchaidheachd a thaobh ionnsachadh agus teagasg sa cho-theacsa ionadail;
- mar a thèidear an sàs gu breithneach le reachdas làithreach, iomchaidh, poileasaidhean agus stiùireadh nàiseanta agus ionadail;
- uallachaidhean cunradail, treudail agus laghail, mar eisimpleir, a thaobh co-ionannas, iomadachd, in-ghabhaltas, feumalachdan taic a bharrachd, dìon chloinne agus sunnd;
- frèaman-obrach, siostaman agus pròiseasan gus taic a thoirt agus cur ri proifeiseantachd thidseir; agus
- claon-bhàidhean agus am buaidh air daoine agus modhan-obrach dùbhlán a thoirt dhaibh.

### 2.2.2 Doimhneachd a bhith agad de eòlas agus tuigse mu Choimhearsnachdan Ionnsachaidh

**Gnìomhan Proifeiseanta**

Mar thidsear clàraichte feumaidh tu doimhneachd de eòlas agus tuigse a chomharrachadh mu:

- dhreuchdan agus uallachaidhean thidseir ann a bhith a' stèidheachadh agus a' cumail suas dàimhean deimhinneach agus amasach thar na coimhearsnachd ionnsachaidh;
- an cultar, co-theacsa agus am feallsanachd sònraichte den choimhearsnachd ionnsachaidh a' gabhail a-steach an fheallsanachd de foghlam tro mheadhan na Gàidhlig far a bheil sin iomchaidh; agus
- dreuchd nam buidhnean ionadail, roinneil agus nàiseanta a thaobh nan diofar cho-theacsan agus earrainnean agaibh.



# 3 Sgilean agus Comasan Proifeiseanta

## 3.1 An Curraicealam agus Eòlas-teagaisg

### 3.1.1 A' Planadh gu h-èifeachdach gus dèiligeadh ri feumalachdan luchd-ionnsachaidh

#### Gnìomhan Proifeiseanta

- Mar thidsear clàraichte gus na sgilean is na comasan proifeiseanta agad a chomharrachadh feumaidh tu:
- planadh so-leantainneach, adhartach agus tarraingeach de phrògraman teagaisg a bhios a' dèiligeadh ri feumalachdan gach neach-ionnsachaidh;
  - planadh ionnsachadh a rèir stiùireadh curraicealaim làithreach, a' gabhail a-steach foghlam tro mheadhan na Gàidhlig far a bheil sin iomchaidh;
  - bacaidhean a chomharrachadh a dh'fhaodadh a bhith ann a thaobh foghlam agus planadh fèin-fhiosrachaidhean foghlaim diofaraichte agus aig ìre dùbhlain iomchaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil ionnsachadh so-ruigsinneach don h-uile neach;
  - conaltradh gu h-iomchaidh ris a h-uile neach-ionnsachaidh a' cumadh agus ag adhartachadh comas agus misneachd ann an litearrachd, àireamhachd, slàinte agus sunnd agus litearrachd didseatach;
  - dèanamh cinnteach gu bheil teagasg a' togail suas misneachd agus ag adhartachadh adhartas gach sgoilear; agus
  - planadh ionnsachadh a tha cruthachail, seasmhach is a' cleachdadh stòrasan a tha rim faotainn.

### 3.1.2 Cleachdadh modhan-obrach agus stòrasan eòlas-teagaisg gu h-èifeachdach

#### Gnìomhan Proifeiseanta

- Mar thidsear clàraichte gus na sgilean is na comasan proifeiseanta agad a chomharrachadh feumaidh tu:
- co-theacsan brìghmhor a chruthachadh airson luchd-ionnsachaidh tro raon de dhiofar àrainnean ionnsachaidh;
  - ro-innleachdan teagaisg agus stòrasan iomchaidh a chleachdadh, a' gabhail a-steach modhan-obrach didseatach gus coinneachadh ri feuman agus comasan gach neach-ionnsachaidh;
  - fèin-mheasadh agus ionnsachadh proifeiseanta a chleachdadh gus taic a thoirt agus leasachadh modh-obrach;
  - beachdachadh air fios air ais mun phròiseas ionnsachaidh gus cur ris an teagasg agad;
  - raon farsaing de mhodhan ceasnachaidh a chleachdadh agus raon farsaing de mhodhan-obrach didseatach agus traidiseanta gus cur ri ionnsachadh agus teagasg; agus
  - cothroman a chruthachadh airson ionnsachadh a bhith cruth-atharrachail a thaobh a bhith a' toirt dùbhlain do ro-bheachdan agus seallaidhean saoghail a tha a' leudachadh.

### 3.1.3 Cleachdadh com-pàirteachasan airson ionnsachadh agus sunnd gu h-èifeachdach

#### Gnìomhan Proifeiseanta

- Mar thidsear clàraichte gus na sgilean is na comasan proifeiseanta agad a chomharrachadh feumaidh tu:
- cur ri cultar a tha a' toirt urram do chòraichean far am bi luchd-ionnsachaidh a' com-pàirteachadh gu brìghmhor ann an co-dhùnaidhean co-cheangailte rin ionnsachadh, sunnd, àrainn ionnsachaidh agus an sgoil;
  - cruthachadh agus cumail suas dàimhean-obrach èifeachdach le co-obraichean, pàrantan/luchd-cùraim, teaghlaicean, coimhearsnachd sgoile nas fharsainge agus buidhnean com-pàirteachais gus taic a thoirt do ionnsachadh agus sunnd thar na sgoile agus a bhith a' gabhail dreuchd stiùiridh far a bheil sin iomchaidh;
  - stèidheachadh cothroman airson pàrantan/luchd-cùraim a bhith a' com-pàirteachadh ann an co-dhùnaidhean mu ionnsachadh an leanab; agus
  - com-pàirteachadh ann am fèin-chùraim agus taic do shunnd fheadhainn eile a' sìreadh taic an uair a tha feum air a shon;
  - leasachadh com-pàirteachasan a bhios:
    - a' toirt taic do cho-dhùnaidhean a tha co-chòrdail ri àm ri teachd seasmhach ann an saoghal a tha cothromach agus ceart;
    - a' dèanamh ceangal eadar luchd-ionnsachaidh agus an dàimh ris an t-saoghal nàdarra agus a' leasachadh am faireachdainn de cheangal ris an dà chuid an saoghal ionadail agus cruinneil; agus
    - a' ceangal iomchaidheachd ionnsachaidh ri sgilean airson beatha, ionnsachadh agus obair.

**3.1.4 A' cur an sàs measadh, luachadh adhartais, clàradh agus fios air ais gu h-èifeachdach mar phàirt riatanach den phròiseas teagasg gus taic a thoirt agus cur ri teagasg**

<b>Gnìomhan Proifeiseanta</b>	<p>Mar thidsear clàraichte gus na sgilean is na comasan proifeiseanta agad a chomharrachadh feumaidh tu:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>■ dàta measaidh a chlàradh, a sgrùdadh agus a chleachdadh gu h-èifeachdach gus ionnsachadh agus teagasg a luachadh gu h-èifeachdach;</li> <li>■ toraidhean measaidh a chleachdadh gus feumalachdan leasachaidh a chomharrachadh aig ìre clas, buidheann agus neach fa leth mar bhun-stèidh airson conaltradh le luchd-ionnsachaidh mun adhartas agus amasan;</li> <li>■ luachadh a dhèanamh agus raon de ro-innleachdan measaidh diofaraichte a chleachdadh a tha a' dearbhadh taic agus dùbhlann do gach neach-ionnsachaidh;</li> <li>■ ro-innleachdan measaidh cunbhalach agus deireannach a chleachdadh gus cothroman a thabhann airson dùbhlann agus fàs a bhios iomchaidh do fheumalachdan gach neach-ionnsachaidh agus gus coinneachadh ri riatanasan a' churraicealaim agus nam buidhnean duaiseachaidh agus creideasachaidh.</li> <li>■ a dhol an sàs le pròiseasan cuimseachd agus fireannachaidh gus cur ri eòlas-teagasg, adhartas luchd-ionnsachaidh agus leasachadh sgoile;</li> <li>■ aithisgean soilleir, fiosraichte ullachadh airson pàrantan/luchd-cùraim, an sgoil agus buidhnean com-pàirteachais a tha a' togail air an dà chuid adhartas ann an ionnsachadh agus cùisean co-cheangailte ri leasachadh pearsanta, sòisealta agus faireachail ann an dòigh mhothachail agus chuideachail; agus</li> <li>■ breithneachadh proifeiseanta a chur ri fianais a chaidh a chruinneachadh gus fiosrachadh a chur ri measadh deireannach.</li> </ul>
-------------------------------	--

**3.2 An Co-theacsa Ionnsachaidh**

**3.2.1 Eagrachadh agus rianachd èifeachd air ionnsachadh**

<b>Gnìomhan Proifeiseanta</b>	<p>Mar thidsear clàraichte gus na sgilean is na comasan proifeiseanta agad a chomharrachadh feumaidh tu:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>■ àrainn ionnsachaidh shàbhailt, chùramach agus fheumail a chruthachadh a tha fàilteachail agus in-ghabhaltach, air a dheagh rianachd agus air a dheagh eagrachadh;</li> <li>■ planadh agus eagrachadh gu h-èifeachdach gus a bhith cothromach airson leasan do chlas slàn, do bhuidhnean agus do dhaoine fa leth agus a tha ag adhartachadh ionnsachadh neo-eisimeileach;</li> <li>■ cunntas a ghabhail de fheumalachdan taic a bharrachd a tha aig luchd-ionnsachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh brìghmhor aca;</li> <li>■ raon farsaing de chothroman a chleachdadh a tha a' brosnachadh agus mar sgàthan air ionnsachadh leantainneach ann an àrainnean diofaraichte agus beothail;</li> <li>■ cothrom a thoirt don h-uile neach-ionnsachaidh làn fheum a dhèanamh de stòrasan a tha air an deagh thaghadh, a' gabhail a-steach teicneòlasan didseatach, gu cur ri ionnsachadh, teagasg agus measadh, mar a tha iomchaidh;</li> <li>■ cothroman a chruthachadh airson ionnsachadh a bhith cruth-atharrachail a thaobh a bhith a' toirt dùbhlann do ro-bheachdan agus seallaidhean saoghalta a tha leudachadh; agus</li> <li>■ tarraing air raon de thùsan gus luachadh a dhèanamh air buaidh na h-àrainn ionnsachaidh air gach neach-ionnsachaidh air ionnsachadh agus gus dùbhlann a thoirt do ro-bheachdan, claon-bhreith a chomharrachadh agus ullachadh atharrachadh mar a bhios iomchaidh.</li> </ul>
-------------------------------	---

**3.2.2 Dol an sàs èifeachdach chom-pàirteachas neach-ionnsachaidh**

<b>Gnìomhan Proifeiseanta</b>	<p>Mar thidsear clàraichte gus na sgilean is na comasan proifeiseanta agad a chomharrachadh feumaidh tu:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>■ luach a chur air gach neach-ionnsachaidh agus an com-pàirteachas, gu gnìomhach a' gabhail a-steach clann agus daoine òga ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh mun fhoghlam aca;</li> <li>■ cùram agus dealas a nochdadh mu bhith ag obair le gach neach-ionnsachaidh, a' gabhail a-steach iomadachd gus dèanamh cinnteach gu bheil gach neach-ionnsachaidh a' faireachdainn gu bheil a' cur fàilte orra, air an in-ghabhail agus deiseil airson ionnsachadh;</li> <li>■ eòlas agus tuigse thèarainte de chomharran sunnd, leasachadh leanabachd agus buaidh feumalachdan taic a bharrachd;</li> <li>■ aithneachadh gu bheil fèin-fhiosrachaidhean leanabachd a' toirt buaidh air ionnsachadh agus sunnd chloinne agus dhaoine òga agus a' dèiligeadh gu gnìomhach ann an dòighean iomchaidh, a' sireadh comhairle agus a' co-obrachadh mar a bhios feumail; agus</li> <li>■ cleachdadh agus luachadh taghadh de ro-innleachdan gus cur ri càirdeasan cùramach agus taiceil agus amasach le luchd-ionnsachaidh gus soirbheachas a chomharrachadh.</li> </ul>
-------------------------------	---

### 3.2.3 A' togail dàimhean ionnsachaidh deimhinneach a tha dìon chòraichean

#### Gnìomhan Proifeiseanta

Mar thidsear clàraichte gus do sgilean proifeiseanta agus do chomasan a chomharrachadh feumaidh tu:

- dàimhean deimhinneach is gnothachail adhartachadh is a leasachadh le agus eadar luchd-ionnsachaidh, co-obraichean, teaghlaichean agus com-pàirtichean;
- taghadh de mhodhan-obrach fiosraichte le rannsachadh a chleachdadh ann a bhith a' togail dhàimhean ann an dòigh chunbhalach gus dàimhean proifeiseanta air fad a thogail agus a chumail suas;
- conaltradh iomchaidh a dhèanamh leis gach neach-ionnsachaidh, a' modaladh is ag adhartachadh comas agus misneachd ann an litearrachd, àireamhachd, agus slàinte agus sunnd;
- aithneachadh far a bheil luchd-ionnsachaidh le feumalachdan taic a bharrachd a' cur feum air modhan-obrach diofraichte agus a' sireadh taic mar a bhios feum air;
- a bhith dealasach mu agus a' comharrachadh co-ionannachd is in-ghabhaltas gus co-ionannachd cothruim adhartachadh eadar luchd-ionnsachaidh a tha a' co-roinn feart iomchaidh a tha air a dhìon agus feadhainn nach eil, agus a bhith ag altram deagh dhàimhean; agus
- luchd-ionnsachaidh a bhrosnachadh gu bhith a' toirt spèis agus cùram dhaibh fèin, dha feadhainn eile agus dhan t-saoghal nàdarra.

## 3.3 Ionnsachadh Proifeiseanta

### 3.3.1 A' dol an sàs gu breithneachail le litreachas, rannsachadh agus poileasaidh

#### Gnìomhan Proifeiseanta

Mar thidsear clàraichte gus do sgilean proifeiseanta agus do chomasan a chomharrachadh feumaidh tu:

- comharrachadh agus lorg raon de litreachas, rannsachadh agus poileasaidh iomchaidh; agus
- a dhol an sàs gu breithneachail ann an rannsachadh gus dùbhlann agus fiosrachadh a chur ri modh-obrach proifeiseanta agus gus ceasnachadh gu breithneachail agus dùbhlann a thoirt do ro-bheachdan foghlaim, creideamhan agus fèin-luachan is luachan siostaim.

### 3.3.2 A' dol an sàs ann an cleachdadh meòrachail gus ionnsachadh agus eòlas proifeasanta fad-beatha a leasachadh agus adhartachadh

#### Gnìomhan Proifeiseanta

Mar thidsear clàraichte gus do sgilean proifeiseanta agus do chomasan a chomharrachadh feumaidh tu:

- a bhith dealasach mu ionnsachadh fad-beatha, tro phròiseas leantainneach de lèirmheas proifeiseanta agus leasachadh a tha a' toirt buaidh air ionnsachadh chloinne agus dhaoine òga;
- meòrachadh agus a dhol an sàs gu breithneachail ann am fèin-luachadh a' cleachdadh na h-inbhe phroifeiseanta iomchaidh;
- gabhail ri modh-obrach ceasnachail, meòrachail agus breithneachail a thaobh modh-obrach proifeiseanta;
- àrdachadh ionnsachadh agus teagasg le bhith a' gabhail cunntas de fios air ais bho fheadhainn eile a' gabhail a-steach clann agus daoine òga, agus a' dol an sàs gu gnìomhach ann an ionnsachadh proifeiseanta gus taic a thoirt do leasachadh sgoile;
- obrachadh gu com-pàirteachail gus cur ri ionnsachadh proifeiseanta agus leasachadh cho-obraichean, a' gabhail a-steach oileanaich a tha gu bhith nan tidsearan;
- clàr meòrachail de fhianais a chumail mu bhuidh ionnsachadh proifeiseanta ort fhèin, air co-obraichean agus luchd-ionnsachaidh; agus
- a dol an sàs leis a' phròiseas Ùrachadh Proifeiseanta.

# A' brosnachadh proifeiseantachd teagaisg aig ìre an t-saoghail

**gtc**  
ALBA

COMHAIRLE CHOITCHEANN  
TEAGAISG NA H-ALBA

## Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba

Taigh Clerwood,  
96 Rathad Clermiston,  
Dùn Èideann EH12 6UT  
Fòn: 0131 314 6000  
Facs: 0131 314 6001  
Post-d: [gtcs@gtcs.org.uk](mailto:gtcs@gtcs.org.uk)

[www.gtcs.org.uk](http://www.gtcs.org.uk)  
[www.in2teaching.org.uk](http://www.in2teaching.org.uk)

